

AINM: CLAS: 

Ìre 3-5 Fileantaich

# Ecstasy

## le Ré Ó Laighléis



Faodar an t-aonad seo a lìbhrigeadh an co-bhonn ri Eòlas Sòisealta is Pearsanta.

### Cànan - Obair Aon-neach

Leugh an sgeulachd. Coimhead air na faclan/abairtean air an taobh chì agus lorg a' chiail as fhaisge orra san liosta air an taobh dheas:

pulaidh	droch dhochann
droch rùn	air falbh
faochadh	nuair nach eil duine cinnteach mu rudeigin
asnaichean	faireachdainn a th' air duine nuair a thèid uallach a thogail bhuithe
dèiligear	modhail
air seacharan	burraidh
sgairteach	a' cur cheistean air cuideigin
teagmhach	a' dèanamh tòrr fuaim
leadraigeadh	airson dragh adhbhrachadh
ceasnachadh	cuideigin a bhios a' sgaoileadh rudeigin
cùirteil	cnàmhan am meadhan a' chuirp

Nuair a bhios tu deiseil, tagh sia faclan gu h-àrd agus dèan seantansan ùra leotha:


Mar eisimpleir: **ceasnachadh:** **Bha mèirle san sgoil a-raoir agus bha poileas a' ceasnachadh na cloinne madainn an-diugh.**



## Mìneachadh - Obair Càraid

Ann am pàidhrichean, beachdaich air na ceistean a leanas:

1. Carson a bha Úna troimh-a-chèile aig toiseach na sgeòil?
  - (a) Cha do rinn i a h-obair-dachaigh.
  - (b) Bha a seacaid air chall.
  - (c) Bha aice ri dhol gu oifis a' Cheannaird.
2. Ciamaid a tha e follaiseach nach robh gnothach aig Úna ris na bha na pòcaid?
3. Am biodh Úna gu tric ag adhbhrachadh dragh san sgoil? Sgìobh seantans às an sgeulachd a dhearbas do fhreagairt.
4. Carson a bha Hilda Bergin ainmeil air feadh na sgoile?
  - (a) Bha i math air obair sgoile.
  - (b) Bhiodh i tric ri burraidheachd.
  - (c) Bha i math air spòrs.
5. Nuair a choimhead an dithis thidsearan air an nota a fhuair iad ann an còta Úna, dè an co-dhùnadh a rinn iad?
  - (a) gun robh cuideigin a' reic *Rennies* san sgoil
  - (b) gun robh cuideigin a' reic dhruaichean san sgoil
  - (c) gun robh còta cuideigin eile aca
6. Beachdaich air ciamaid a bhiodh Úna a' faireachdainn nuair a thug na h-ighnean ionnsaigh oirre.
7. Carson nach do dh'inn Úna càil dhan phoileas mun ionnsaigh?
  - (a) Cha robh i airson dragh adhbhrachadh do Hilda.
  - (b) Cha robh cuimhne ro mhath aice air na thachair.
  - (c) Bha an t-eagal oirre ro Hilda agus a caraidean.
8. Dè dhèanadh tu fhèin san t-suidheachadh seo?
9. Carson a bhiodh eagal a' faighinn làmh-an-uachdair air misneachd ann an inntinn Úna?
10. Saoil dè tha "chan ionnan ceartas agus comas" a' ciallachadh san stòiridh?
  - (a) Bha fhios aice dè bu chòir dhi a dhèanamh, ach cha robh e furasta dhi an ceum ud a ghabhail.
  - (b) Bha seo eadar i fhèin agus Hilda.
  - (c) Cha robh na tidsearan den bheachd gun robh Úna comasach san sgoil idir.
11. Dè thug oirre a h-inntinn a dhèanamh suas a dhol chun a' Cheannaird?
12. Saoil ciamaid a bhiodh Úna a' faireachdainn an dèidh dhi bruidhinn ris a' Cheannard?



## Dràma - Obair buidhne

Cuir an gnìomh dealbh-chluich goirid far a bheil burraidheachd a' nochdad. Bidh cuid de na caractaran an sàs sa bhurraidheachd, cuid eile a' fulang aig làmhan burraidih no pulaidh, feadhainn nach dèan dad mu dheidhinn agus cuid eile a tha a' dèanamh rudeigin mu dheidhinn. Ciamar a bhios na caractaran a' dèiligeadh ris an t-suidheachadh?

Faodaidh sibh a bhith a' measadh nan dealbhan-cluiche air fad agus a' beachdachadh air cleasachd, cànan agus buaidh na sgeidse. Carson a bha cuid de na sgeidsichean soirbheachail is feadhainn eile nach do dh'obraich buileach cho math? Ciamar a b' urrainn dhaibh a bhith na b' fheàrr?

